



OFFICIAL REPORT
AITHISG OIFIGEIL

DREACHD

Comataidh Foghlaim, Cloinne agus Dhaoine Òga

Diciadain 29 Ògmhios 2022



© Còir-lethbhreac phàrlamaideach. Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Gheibhear fiosrachadh mu phoileasaidh còir-lethbhreac Pàrlamaid na h-Alba air an làraich-lìn_
www.parliament.scot no le bhith a' cur fios gu Fiosrachadh Poblach air 0131 348 5000

Diciadain 29 Ògmhios 2022
CLÀR-INNSE

Col.

BÒRD NA GÀIDHLIG 1

COMATAIDH FOGHLAIM, CLOINNE AGUS DHAOINE ÒGA
20^{mh} COINNEAMH 2022, SEISEAN 6

NEACH-GAIRM

*Sue Webber (Lodainn) (Tòr)

LEAS-NEACH-GAIRM

*Kaukab Stiùbhart (Glaschu Ceilbhinn) (SNP)

BUILL NA COMATAIDH

*Stephanie Callaghan (Uddingston agus Bellshill) (SNP)

*Graeme Dey (Aonghas a Deas) (SNP)

*Bob Doris (Glaschu Cnoc Màiri agus Allt an Fhuarain) (SNP)

*Ross Greer (Alba an Iar) (Uaine)

*Michael Marra (Ear-thuath na h-Alba) (Làb)

*Oliver Mundell (Siorrachd Dhùn Phris) (Tòr)

*Ruth NicGuairne (Coineagan a Deas) (SNP)

*Willie Rennie (Ear-thuath Fhìobha) (LD)

*an làthair

GHABH NA LEANAS PÀIRT CUIDEACHD:

Iain Mac a'Mhaoilein (Bòrd na Gàidhlig)

Màiri NicAonghais (Bòrd na Gàidhlig)

Seumas Whannel (Bòrd na Gàidhlig)

CLÀRC NA COMATAIDH

Stephen Herbert

ÀITE

Seòmar Raibeirt Burns (CR1)

Pàrlamaid na h-Alba

Comataidh Foghlaim, Cloinne agus Dhaoine Òga

Diciadain 29 Ògmhios 2022

[Thòisich an Neach-gairm a' choinneamh aig 09:45]

Bòrd na Gàidhlig

An Neach-gairm (Sue Webber): Madainn mhath, agus fàilte chun an 20mh coinneamh ann an 2022 den Chomataidh Foghlaim, Cloinne agus Dhaoine Òga. 'S e seisean fianais le Bòrd na Gàidhlig air "Dreachd Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28" a' chiad nì air a' chlàr againn.

Tha mi a' cur fàilte air Màiri NicAonghais, an cathraiche; Iain Mac a' Mhaoilein, an stiùiriche leasachaidh; agus Seumas Whannel, stiùiriche an fhoghlaim. Madainn mhath dhuibh uile.

Nì Màiri NicAonghais aithris fosglaidh. Mus iarr mi oirre sin a dhèanamh, bu mhath leam rudeigin a ràdh. Tha Pàrlamaid na h-Alba dealasach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh comasach na gnothaich nuair as urrainnear. Bha sinn airson gum biodh e comasach do Bhòrd na Gàidhlig an aithris fosglaidh aca a thoirt seachad sa Ghàidhlig, agus dh'fheuch sinn ri ullachadh a dhèanamh gus taic a thoirt dha sin. Ach, gu mì-fhortanach cha b' urrainn dhuinn eadar-theangair fhaighinn airson coinneamh na maidne seo.

Tha mi taingeil do Bhòrd na Gàidhlig airson a bhith ag obair còmhla ri luchd-obrach na Pàrlamaid gus roghainn eile a lorg, agus tha mi taingeil do Mhàiri NicAonghais airson aontachadh an aithris fosglaidh a libhrigeadh ann an Gàidhlig—rud air a bheilear a' cur fàilte—mus tèid a h-ath-aithris sa Bheurla. Tha a' Phàrlamaid a' cur air dòigh gum bi Aithisg Oifigeil na coinneimh seo air a tionndadh gu Gàidhlig gus am bi e ruigsinneach don a h-uile duine sa choimhearsnachd Ghàidhlig.

Tha mi a-nis a' toirt cuireadh do Mhàiri NicAonghais an aithris aice a thoirt seachad sa Ghàidhlig agus an uair sin sa Bheurla.

Màiri NicAonghais (Bòrd na Gàidhlig): Madainn mhath a neach-gairm, a mhnathan is a dhaoine uaisle air a' chomataidh seo agus cuideachd fàilte air duine sam bith a tha a' coimhead agus ag èisteachd. Is mise Màiri NicAonghais, cathraiche Bhòrd na Gàidhlig. Còmhla rium tha Seumas Whannel, stiùiriche foghlaim aig a' bhòrd, agus Iain Mac a' Mhaoilein, stiùiriche leasachaidh aig a' bhòrd.

'S e urram agus cothrom a th' ann dhuinne a bhith air ur beulaibh an-diugh, agus tha e gu h-àraid cudromach gu bheil sinne ag èisteachd ris na th' agaibhse ri ràdh, agus fiosrachadh a thoirt dhuibh air ar dreachd- phlana nàiseanta airson na Gàidhlig.

'S e buidheann phoblach le dleastanasan mòra a tha ann am Bòrd na Gàidhlig. Tha an sgioba gu math beag ach is sinn a' chiad bhuidheann reachdail ann an 400 bliadhna le uallach airson leasachadh na Gàidhlig, cànan a dh'fhuiling le lagh às dèidh lagha fad nan ginealaichean.

Le sin, tha na h-amasan agus na dùilean a tha nan laighe air a' bhuidhinn air a bhith mòr agus daonnan a' fàs; ach tha sinn daonnan deònach air n-aghaidh a chur orra sin.

Lean Màiri NicAonghais oirre sa Bheurla.

Madainn mhath, a neach-gairm, buill na comataidh agus duine sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith a' coimhead no ag èisteachd. Is mise Màiri NicAonghais, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig. Tha mi a-nis air a bhith nam chathraiche airson còrr is ceithir bliadhna. Còmhla rium tha Seumas Whannel, stiùiriche foghlaim Bhòrd na Gàidhlig, agus Iain Mac a' Mhaoilein, an stiùiriche leasachaidh againn.

Is mise an seachdamh cathraiche air a' bhòrd, a tha a-nis air a bhith ann airson timcheall air 16 bliadhna. Tha Bòrd na Gàidhlig na bhuidheann phoblach le dleastanasan mòra agus sgioba glè bheag gus an libhrigeadh. 'S i a' chiad bhuidheann reachdail ann an 400 bliadhna le uallach airson leasachadh na Gàidhlig, cànan a tha air fulang le reachdas neo-chuideachail san àm a dh'fhalbh. Mar sin, tha amasan Bhòrd na Gàidhlig agus na thathar a' sùileachadh bhuaithe cudromach agus a' sìor dhol am meud.

Ann a bhith a' toirt seachad fianais don chomataidh mun dreachd-phlana an-diugh, tha mi toilichte a ràdh gu bheil Bòrd na Gàidhlig—mar a thuirt an t-Àrd-neach-sgrùdaidh o chionn ghoirid—na bhuidheann air leth eadar-dhealaichte bhon bhuidheann a fhuair aithisg sgrùdaidh gu math dùbhlanaich grunn bhliadhnaichean air ais. Aig toiseach na bliadhna seo, bha am bòrd air a mheas mar eisimpleir den chleachdadh as fheàrr leis an luchd-sgrùdaidh againn fhin.

Tha sinn a' cur luach air na tha a' chomataidh an-diugh a' cur ris a' cho-chomhairle nàiseanta. Tha sinn a' toirt an dreachd-phlana timcheall na dùthcha gus am faigh daoine aig gach ìre cothrom pàirt a ghabhail sa cho-chomhairle. 'S e cothrom air leth a th' anns an latha an-diugh dhuinne, agus tha sinn cuideachd ga fhaicinn mar chothrom fìor chudromach don chomataidh a bhith a' cur ris an dreachd-phlana nàiseanta. Bidh ann plana nàiseanta ùr a' ruith airson nan còig bliadhna a tha romhainn, a' tòiseachadh ann an 2023. Bheir mi a-

nis cothrom don chomataidh leantainn air adhart leis an deasbad.

An Neach-gairm: Tapadh leibh. Ruth NicGuaire, leis gu bheil thu a' frithealadh air astar, is dòcha nach tèid agad air m' aire a ghlacadh. Ma tha ceist leasachail agad no ma tha rud sam bith a tha thu airson a thogail, feuch an cuir thu R anns a' bhogsa còmhraidh. Cumaidh na clàrcan sùil air sin, agus bheir mi a-steach thu nuair as urrainn dhomh.

Tha a' chiad cheist bho Mhìcheal Marra.

Michael Marra (Ear-thuath na h-Alba) (Làb): Mòran taing do bhuill a' bhùird airson a bhith an làthair. Ann am bliadhnaichean tràtha tiomnadh cumhachd, an dèidh 1999, bha tomhas de dhragh ann mu sheasmhachd na Gàidhlig san fhad-ùine mar phrìomh phàirt de ar cultar nàiseanta. Thàinig Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 mar thoradh air sin, a stèidhich am bòrd ann an 2006. Ciamar a tha am bòrd air coileanadh mu choinneamh nam builean a chaidh a mhìneachadh ann an Achd 2005?

Màiri NicAonghais: Tha am bòrd fhathast òg—tha e air a bhith ann airson 15 gu 16 bliadhna. A thaobh an lagha, achd 2005 agus leasachadh, is e ùine gu math goirid a tha sin. Bidh am bòrd a' cleachdadh diofar dhòighean-obrach, a' gabhail a-steach mar a bhios e a' conaltradh ris an dùthaich san fharsaingeachd agus a luchd-ùidh uile.

Thug e ùine mus robh am bòrd stèidhichte gu ceart. Tha fios gun robh aithisg sgrùdaidh 2018-19 gu math dùbhlach. Mar thoradh air an aithisg sin, rinneadh plana buileachaidh dìoghrasach—plana leasachaidh anabarrach mòr—agus tha sin uile air a choileanadh. An-diugh, 's e buidheann gu math eadar-dhealaichte a th' anns a' bhòrd. Tha e gu tur fòcusaichte, tha tuigse nas soilleire aige, tha e nas fhaisg air na coimhearsnachdan aige agus, ann an iomadh dòigh, tha e air greim làidir a ghabhail air cothroman teicneòlais, gu sònraichte aig àm a' ghlasaidh, nuair a chunnaic sinn gluasad mòr anns an dòigh anns an robh am bòrd ag obair agus a' conaltradh ris na coimhearsnachdan a tha e a' frithealadh. San dòigh sin, tha atharrachadh mòr air tachairt.

A thaobh Achd 2005 agus na tha e a' ceadachadh don bhòrd a dhèanamh, tha sinn a' sior fhàs mothachail gum feumar barrachd a dhèanamh. Nar beachd-sa, feumar an achd agus cumhachdan a' bhùird a neartachadh, gu sònraichte a thaobh planaichean cànan. Buinidh am plana nàiseanta don dùthaich, ach tha uallach air a' bhòrd airson a sgrìobhadh, ullachadh, co-chomhairleachadh a dhèanamh air agus a thaisbeanadh don Riaghaltas. 'S e am plana nàiseanta an dealbh mhòr, ach, fon sin, tha feum air oidhirp mòran nas aonaichte aig ìre dealbhadh

air feadh na dùthcha gus adhartas nas luaithe agus nas tarbhaiche a thoirt gu buil sa Ghàidhlig.

Michael Marra: Tha sin feumail. Bhithinn toilichte cluinntinn bhon luchd-fianais eile, gus beachd fhaighinn air seasmhachd na Gàidhlig san fhad-ùine. Tha meudachadh cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe ur n-obrach, ach càite bheil sinn, mar dhùthaich, a thaobh, chan e a-mhàin gleidheadh, ach brosnachadh agus cur am meud cleachdadh a' chànain?

Màiri NicAonghais: Bheir mi air mo choobraichean a bhith ag obair cuideachd, an-diugh. 'S e àm brosnachail a th' ann don Ghàidhlig. Tha am plana ùr a' nochdadh aig deagh àm. Tha mòr-mhiann ann, agus is dòcha dhà no trì phrìomh thaobhan ris. Is e foghlam aon phrìomh thaobh, a tha gu math inntinneach don chomataidh. Leudaichidh Seumas Whannel air sin a dh'aithghearr. 'S e taobh eile leasachadh san fharsaingeachd, coimhearsnachd agus pròiseas a' phlana fhèin, agus iarraidh mi air lain Mac a' Mhaoilein beagan a ràdh mu dheidhinn sin. Tha aithisg glè chudromach a' tighinn a-mach an-diugh air a bheil—dè an t-ainm a th' air?

Seumas Whannel (Bòrd na Gàidhlig): 'S e suirbhidh bheachdan sòisealta na h-Alba a th' ann.

Màiri NicAonghais: Tha fìor dheagh theachdaireachdan anns an t-suirbhidh.

Le bhur cead, iarraidh mi air Seumas geàrrchunntas gu math sgiobalta a thoirt seachad air adhartas a thaobh foghlaim.

Seumas Whannel: Chaidh iarraidh orm a bhith gu math sgiobalta, agus is i Màiri an cathraiche, agus mar sin nì mi seo cho luath 's as urrainn dhomh.

Chì sinn adhartas bho thràth anns na 1980an, nuair a bha dòrlach cloinne ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bha sin air fhaicinn mar rud rèabhlaidheach agus rudeigin nach deach eadhon a dhearbhadh gu sònraichte san dùthaich seo. Tha sinn air gluasad air adhart a-nis.

Tha e inntinneach gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a-nis a' nochdadh anns an fhianais staitistigeil ann an Alba, le 1 sa cheud den chloinn uile ann am foghlam ann an Alba a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Feumaidh sinn barrachd adhartais a dhèanamh air sin. Nuair a chanas mi "sinn", tha mi a' ciallachadh Alba, an dùthaich. Tha comas gu math cuingealaichte aig Bòrd na Gàidhlig gus buaidh a thoirt air na cùisean mòra. Tha solarachadh foghlaim an urra ri ùghdarrasan ionadail, agus bidh sinn a' brosnachadh ùghdarrasan ionadail gus barrachd chothroman a thoirt seachad airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail no tha iad ag obair gus a

chur air dòigh, agus tha sinn a' faicinn ùghdarrasan ùra a' tòiseachadh ga sholarachadh. Tòisichidh solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig ann an Rinn Friù san Lùnastal, agus 's e Siorrachd Rinn Friù an Ear an t-ath ùghdarras ionadail a bheir seachad e, an ath bhliadhna. Tha sinn ag obair le Comhairle Fhìobha, agus tha sinn làn-chinnteach gun tòisich foghlam tron Ghàidhlig an sin cuideachd.

Tha fàs mòr anns an àireamh de luchd-ionnsachaidh, agus tha luchd-ionnsachaidh air gluasad bho libhrigeadh traidiseanta ann an clasaichean oidhche gu ìre mòran nas àirde de chothrom air-loidhne. Tha an àireamh de luchd-cleachdaidh SpeakGaelic beagan nas lugha na 400,000, rud a tha fìor mhòr dhan chànan nuair a bheachdaicheas sinn air an àireamh sa cheud de dhaoine le sgilean Gàidhlig nar dùthaich. Tha Duolingo air a bhith air leth soirbheachail, fiù an coimeas ri cànanan eile gu h-eadar-nàiseanta. Tha planadh air tighinn air adhart chun na h-ìre gu bheil a h-uile ùghdarras ionadail ach a dhà air plana a dheasachadh no tha iad a' cruthachadh fear an-dràsta. 'S e ar beachd gu bheil feum air atharrachaidhean mòra ann am planadh cànan Gàidhlig gu nàiseanta, agus tha grunn bheachdan againn mu dheidhinn sin.

Tha faicsinneachd a' chànain air atharrachadh gu tur—dìreach coimhead air buidhnean leithid Poileas Alba agus Seirbheis Ambaileans na h-Alba, agus air siostam nan rathaidean-iarainn. Tha sinn a' mothachadh bho chlann òga ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air feadh na dùthcha gu bheil iad a-nis a' faicinn Gàidhlig mar phàirt dem beatha. Sin rud a chuala sinn bho chlann òga ann an Cill Mheàrnaig. Thuit iad, airson a' chiad uair a-riamh, gun robh iad air Gàidhlig fhaicinn ann an Cill Mheàrnaig, rud nach robh iad dha-rìribh air smaoinneachadh mu dheidhinn roimhe. 'S truagh nach robh fios aca fiù gur e facal Gàidhlig a th' ann an ainm an àite sa bheil iad a' fuireach, "Cill Mheàrnaig". Tha sin gu math cumanta, a' gabhail a-steach ann an Glaschu.

Tha faicsinneachd a' chànain air a dhol am meud, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a dhol am meud agus, airson a' chiad uair a-riamh, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn thall thairis. Dh'fhosgail a' chiad sheirbheis tro mheadhan na Gàidhlig ann am Màbu, an Alba Nuadh, ann an 2021. Thug sinn dhaibh tòrr taic airson a leasachadh. Tha sin a' sealltainn misneachd eadar-nàiseanta sa chànan cuideachd, rud a tha na adhbhar toileachais dha-rìribh.

Màiri NicAonghais: Tha mi a-nis a' dol a dh'iarraidh air Iain Mac a' Mhaoilein cunntas sgiobalta a thoirt air suirbhidh bheachdan sòisealta na h-Alba, a thathas a' cur a-mach an-diugh.

Iain Mac a' Mhaoilein (Bòrd na Gàidhlig): Tha fianais gu bheil adhartas ann—tha suirbhidh bheachdan sòisealta na h-Alba a' nochdadh adhartas mòr. 'S ann ann an 2012 a rinneadh an t-suirbhidh mu dheireadh, agus tha atharrachadh mòr air a bhith ann bhon uair sin. Mar eisimpleir, tha còrr air an dàrna leth den fheadhainn a chaidh a sgrùdadh—55 sa cheud—den bheachd gum bu chòir Gàidhlig a theagasg do chlann na h-Alba uile eadar còig agus 15 bliadhna a dh'aois mar chuspair sgoile eadar uair a thide is dà uair a thide san t-seachdain. Thuit faisg air dà thrian den fheadhainn a chaidh a sgrùdadh gun robh iad airson an sgilean Gàidhlig a leasachadh, agus thuit 70 sa cheud gun tug ionnsachadh na Gàidhlig faireachdainn do dhaoine gun robh iad air rudeigin a choileanadh agus gun do chuir e rin sunnd.

Mar a thuit Seumas Whannel, tha an cuibhreann de dh'inbhich a tha air soidhnichean Gàidhlig fhaicinn agus a tha mothachail air a' Ghàidhlig tro na meadhanan air a bhith a' fàs gu mòr. Tha an cuibhreann de dh'inbhich a tha ag ràdh gun tuig iad beagan Gàidhlig air a dhol suas bho 25 sa cheud gu 41 sa cheud, agus tha an cuibhreann de dhaoine a tha ag ràdh gun urrainn dhaibh beagan fhaclan Gàidhlig a bhruidhinn air dùblachadh bho 15 sa cheud gu 30 sa cheud. Mar sin, tha fianais ann gu bheileas a' gluasad air an t-slighe cheart.

10:00

Ach, tha e sàbhailte cuideachd a ràdh gu bheil barrachd obrach ri dhèanamh agus gu bheil a h-uile coltas gu bheil feum air obair eadar-dhealaichte a dhèanamh ann an diofar sgìrean, gu h-àraidh anns na sgìrean far a bheil cridhe traidiseanta na Gàidhlig. Tha dùbhlann anns na sgìrean sin, gu sònraichte, air sgàth nan dùbhlann eaconamach agus eile a tha mu choinneamh nan daoine sna h-àiteachan sin.

'S e rud inntinneach, ged a dh'fhaodadh nach robh a' Ghàidhlig ga meas na cùis chudromaich anns na coimhearsnachdan sin san àm a dh'fhalbh, gu bheil i a nis a' gluasad gu meadhan nan dùbhlann—sin, gu meadhan nam fuasglaidhean a rim faighinn airson ar coimhearsnachdan traidiseanta Gàidhlig. Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil dùbhlann mòr ann, tha cothrom mòr ann cuideachd dhuinn rudeigin eadar-dhealaichte a dhèanamh gus dèiligeadh ris.

Michael Marra: Saoilidh mi gur e am facal "cothrom" an rud as motha a chì mise san t-suirbhidh bheachdan sòisealta. Tha e coltach gu bheil iarrtas anns an t-sluagh agus daoine a' gabhail gu toilichte ris a' Ghàidhlig mar phàirt de chultar nàiseanta, le daoine a' faireachdainn gum bu chòir a brosnachadh, rud a tha gu math

dòchasach. Ach, a bheil na stòrasan againn, agus a bheil ùghdarras agaibhse, mar am bòrd, a bhith a' coinneachadh ris an iarrtas sin?

Màiri NicAonghais: Saoilidh mi gur dòcha gu bheil fios agaibh dè tha mi a' dol a ràdh. Tha feum aig a' Ghàidhlig air barrachd stòrasan. 'S e glè bheag de bhuidseat na Gàidhlig air fad a gheibh am bòrd, ach feumaidh a' Ghàidhlig uile barrachd stòrais. Tha sinn mothachail cuideachd gu bheil stòrasan gann an-dràsta, agus mar sin feumaidh sinn coimhead ri dòighean air leasachadh agus gluasad air adhart gun a bhith an-còmhnaidh a' coimhead airson barrachd stòrasan.

'S e cleachdadh nam planaichean aon de na h-innealan a th' againn a nis. Bheir am plana nàiseanta seachad an dealbh mhòr, ach 's e na planaichean a bhios aig a h-uile buidheann nàiseanta agus ùghdarras ionadail na fìor innealan feumail. Bhiodh dèanamh cinnteach gu bheil iad nas tapaidh agus gu bheil tuigse mhath ann air na thathar a' sùileachadh bhupa na dhòigh air adhart gu math soilleir agus cinnteach. Aig an àm seo, chan eil uallach air a' bhòrd airson, no sealbh air, na planaichean. Mura tèid targaidean a ruigsinn no àrd-amasan a choileanadh, bidh sinn a' dèanamh aithris don mhinistear mun bhuidhinn—tha sinn air tòiseachadh air sin a dhèanamh airson a' chiad uair. Tha sinn air leasachadh thar ùine, agus tha sinn a' tòiseachadh a' tuigsinn gum feum sinn dha-rìribh a bhith cruaidh mu mhòran rudan, oir aig diofar ìrean chan eil cùisean a' gluasad luath gu leòr.

Tha smuaintean againn cuideachd air cò ris a bhios sin coltach, gu sònraichte mu bhith a' neartachadh cumhachdan a' bhùird tron reachdas. Tha sinn mothachail gu bheil ath-sgrùdadh air “gnìomhan is structaran” a' bhùird air an liosta sa phrògram riaghlaidh. Mar sin 's e deagh àm a th' ann a bhith a' coimhead air sin.

'S e mo fhreagairt do cheist Mhicheil Marra gu bheil feum againn air barrachd ghoireasan ach tha sinn pragmatach. Feumaidh sinn coimhead air dòighean-obrach eile, agus tha smuaintean againn mu dheidhinn sin.

An Neach-gairm: Tha ceist eile agam air sin. Bhruidhinn sibh mu bhith a' neartachadh cumhachdan a' bhùird. Dè bu toil leibh faicinn a' leasachadh a thaobh sin?

Màiri NicAonghais: Iarraidh mi air Iain Mac a' Mhaoilein sin a fhreagairt.

Iain Mac a'Mhaoilein: Ceist chunnartach a tha sin.

Tha mi air a bhith ag obair san roinn phoblaich airson faisg air 40 bliadhna agus chan fhaca mi fhathast buidheann phoblach nach b' urrainn feum a dhèanamh de bharrachd ghoireasan gus na tha e ag iarraidh a dhèanamh a thoirt gu buil. Ach, 's e

an dùbhlán as motha a th' aig bòrd na Gàidhlig an-dràsta gum feum sinn co-obrachadh le raon farsaing de bhuidhnean is dhaoine, agus uaireannan tha prìomhachasan anns na buidhnean agus na coimhearsnachdan sin a tha a' farpais an aghaidh a chèile.

Far a bheil uidheamachd planaidh againn, mar eisimpleir, feumaidh sinn a bhith comasach air a neartachadh. Tha mi duilich airson 's dòcha a bhith beagan bragail ann a bhith a' dèanamh na puing a leanas, a neach-gairm, ach 's e deagh eisimpleir a th' ann. Mar a thuirt an neach-gairm aig an toiseach, chan urrainn dhuinn coinneamh an latha an-diugh a chumail sa Ghàidhlig. Is dòcha gum faigh sinn ar càineadh airson na chanas no nach can sinn an-diugh, ach 's e an càineadh as miosa a gheibh sinn, nach robh sinn, anns a' choinneimh seo mun Ghàidhlig, a' bruidhinn sa Ghàidhlig. Ged a tha plana Gàidhlig aontaichte aig a' Phàrlamaid a leigeas le neach-gairm cleachdadh na Gàidhlig a cheadachadh airson fianais a thoirt seachad, nuair a bhios sinn a' bruidhinn mun Ghàidhlig agus nuair a tha Gàidhlig na cuspair, cha bu chòir roghainn a bhith ann an tèid Gàidhlig a chleachdadh. Ma tha sinn gu bhith a' toirt aire dha-rìribh don Ghàidhlig, cha bu chòir a leithid de cheist èirigh. Chan eil mi a' cur sìos oirbh; chan eil ann an sin ach firinn na cùise.

Feumaidh sinn ceum air adhart a ghabhail agus ceum an-àirde, agus feumaidh sinn am feum as fheàrr a dhèanamh de na h-innealan a th' againn. Tha sinn air a bhith a' feuchainn ris an teachdaireachd sin a sgaoileadh aig na tachartasan co-chomhairleachaidh. Tha beachd ann nach eil Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 làidir gu leòr. Tha mòran bheachdan ann air sin, ach feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun cleachd sinn a' Ghàidhlig uiread 's a ghabhas agus gu bheil am plana Gàidhlig airson an ath chòig bliadhna cho làidir agus cho prataigeach 's as urrainn dha a bhith.

Feumaidh sinn na riaghailtean a th' ann mar-thà a chleachdadh, agus feumaidh sinn an cothromachadh ceart fhaighinn eadar a bhith a' co-obrachadh le com-pàirtichean agus a' cleachdadh an reachdais agus nan riaghailtean. Roimhe, tha sinn air a bhith buailteach gun a bhith a' cleachdadh nan riaghailtean ach a' sireadh co-obrachadh agus a' feuchainn ri rudan a dheasbad gus tighinn gu aonta. Tha sinn air faicinn gu bheil e gu math èifeachdach ann an còmhraidhean le buidhnean eile san roinn phoblaich gun urrainn dhuinn a ràdh, mura h-urrainnear tighinn gu aonta san raon-ama shuidhichte, gun tig oirnn a' chùis a chur chun a' mhinistear. Bidh sin ag obair anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean ach cha bhi a h-uile turas. Feumaidh sinn cuimseachadh barrachd air a bhith a' cleachdadh a h-uile inneal a th' againn—tha sinn ag ionnsachadh barrachd mu dheidhinn sin.

Tha barrachd dhaoine òga air a bhith a' tighinn chun nan tachartasan co-chomhairleachaidh againn air an ath phlana Ghàidhlig. Is dòcha nach eil an t-ath ghinealach, no an ginealach às dèidh sin, cho modhail 's a bha an ginealach againne. Chan eil iad cho deònach gabhail ri suidheachadh nach còrd riutha, agus tha dùil aca ri tòrr a bharrachd bhuainn mar bhuidheann phoblach, bhon Phàrlamaid agus bhon Riaghaltas. Feumaidh sinn freagairt ri sin. Tha na coimhearsnachdan anns a bheil sinn ag obair agus a' riochdachadh cuideachd a' togail an guth agus a' sùileachadh barrachd.

Ross Greer (Alba an Iar) (Uaine): Thèid mi air ais gu foillseachadh a' phlana airson na h-ùine seo fhèin, 2018 gu 2023. Bha còir plana buileachaidh fhoillseachadh leis, ach chan eil sin air tachairt, ged a tha am plana corporra agaibh coltach ri plana buileachaidh ann an cuid de dhòighean. A bheil dith plana buileachaidh air bhur bacadh a thaobh amasan a' phlana nàiseanta làithrich a choileanadh?

Màiri NicAonghais: Chan eil—tha mi a' smaoinichadh gu bheil e a' nochdadh tuigse eadar-dhealaichte air mar a tha sinn ag obair. Thàinig am plana corporra a-mach às a' phlana nàiseanta, agus às a sin thàinig am plana obrachaidh. Tha e a' fàs nas soilleire air feadh na dùthcha gum buin am plana nàiseanta don dùthaich air fad agus gur e am plana obrachaidh a' phàirt a bhios Bòrd na Gàidhlig a' libhrigeadh le com-pàirtichean. Bha targaidean ann agus chaidh an ruigsinn. Thathas ga luachadh an-dràsta, agus chan eil an obair deiseil fhathast. Tha sinn aig ìre eadar-amail, agus tha am plana a' ruith gu deireadh na bliadhna seo.

Iain Mac a'Mhaoilein: Bu mhath leam tighinn a-steach air sin. Tha mi a' tuigsinn na thathas ag ràdh mun phlana buileachaidh, agus tha mi a' smaoinichadh gun robhas ag iarraidh gun deigheadh an iomairt adhartas nas luaithe, a stiùir an Leas-Phrìomh Mhinistear, a chur an sàs. B' e adhbhar na h-iomairt sin na buidhnean a thoirt còmhla a dh'fheumas co-obrachadh gus builean a' phlana a libhrigeadh. Leis gu bheil am plana buileachaidh a' buntainn ri barrachd air aon bhuidheann, chan eil e sìmplidh, agus mar sin feumaidh an dòigh-obrach a bhith beagan nas fharsaing. Chaidh an iomairt adhartas nas luaithe a chur an sàs air an adhbhar sin. Chan eil fhios agam a bheil e air a bhith soirbheachail a thaobh builean a libhrigeadh; sin ceist eile.

Seumas Whannel: Tha an iomairt adhartas nas luaithe na prìomh eileamaid a thaobh gum feum tuigse mòran nas fheàrr a bhith ann nach urrainn Bòrd na Gàidhlig, le sgioba luchd-obrach de mu 25 neach agus 19 sa cheud den bhuidseat, am plana nàiseanta a libhrigeadh agus nach bu chòir dha sin a dhèanamh, a chionn 's gur e am plana

nàiseanta a th' ann, chan e plana Bhòrd na Gàidhlig.

Leis gu bheil planaichean Gàidhlig aig 30 de na 32 ùghdarrasan ionadail no tha iad gan cruthachadh, gu cinnteach tha àite againn ann a bhith ag obair còmhla riutha a thaobh, mar eisimpleir, foghlam, a tha iad a' libhrigeadh. Tha targaid anns a' phlana nàiseanta airson àrdachadh a thoirt air an àireamh de dhaoine òga ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ach chan urrainn do Bhòrd na Gàidhlig no Riaghaltas na h-Alba òrdachadh gun tachair sin. Tha grunn bhuidhnean—Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, a' bhuidheann nàiseanta a bhios a' beachdachadh air cùisean co-cheangailte ri stòrasan tro mheadhan na Gàidhlig, agus grunn bhuidhnean eile, air a bheil e mar dhleastanas an t-àrdachadh sin a libhrigeadh, agus tha sin a' dèanamh chùisean gu math toinnte.

Gun a bhith a' toirt beachd sam bith a bheil e ceart no ceàrr, tha mi a' mothachadh gu bheil Comhairle Baile Ghlaschu air co-dhùnadh cuibhreachadh a chur air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha mu 180 duine cloinne air tagradh a dhèanamh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoil 1, ach 's e 140 a' chrìoch. Chan eil mi a' toirt breith a bheil sin ceart no ceàrr; sin dìreach mar a tha. Ach, tha sin a' toirt buaidh air a' phlana nàiseanta, oir, ged a tha am plana nàiseanta ag ràdh gum bu chòir dhuinn an cothrom a mheudachadh do dhaoine faighinn gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus raon de ghoireasan Gàidhlig, cha tachair sin os cionn ìre shònraichte ann an Glaschu air sgàth co-dhùnadh na comhairle.

Tha mi a' feuchainn ri bhith faiceallach gun a bhith a' toirt beachd air na h-adhbharan airson a' chuibhreachaidh sin, oir tha argamaidean air gach taobh an e rud math no dona a th' ann, ach 's e an fhìrinn nach urrainn don bhòrd a ràdh nach fhaod cuibhreachadh a bhith ann no innse dè a dh'fheumas ùghdarrasan a dhèanamh. Tha an co-dhùnadh air cuibhreachadh stèidhichte air plana Gàidhlig Ghlaschu, a thèid a sgrùdadh an ceann greis.

Tha eisimpleir eile a' buntainn ri ionnsachadh a' chànain. Tha sinn ag obair le ùghdarrasan ionadail air targaidean airson L3—treas cànan—a tha air a theagasg anns na sgoiltean. Tha a' Ghàidhlig air a dhol sìos ann an L3, agus mar sin feumaidh sinn meòrachadh air ar coileanadh mar dhùthaich, an taca ris a' Chuimrigh no ri Èirinn, ann a bhith ag ionnsachadh ar cànan, oir chan eil sinn a' dèanamh gu math a thaobh sin. Air an adhbhar sin bidh sinn ag obair le ùghdarrasan ionadail tro na planaichean Gàidhlig aca, agus sin cha mhòr an aon dòigh san urrainn dhuinn obair.

Mar eisimpleir, o chionn ghoirid—anns a' mhìos no dhà a dh'fhalbh—tro chòmhradh caran dùbhlach le Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath, chaidh targaid de 40 sa cheud airson L3 aontachadh. Tha sin a' ciallachadh, rè beatha a' phlana Ghàidhlig làithrich san sgìre, gun leasaich beagan a bharrachd air 50 bun-sgoil san ùghdarras ionadail a' Ghàidhlig mar L3. Tha sin na adhartas mòr dhan chànan ann an Siorrachd Lannraig a Tuath. Is e obair mhòr a th' ann agus targaid gu math dùbhlach don ùghdarras ionadail, agus tha iad airidh air moladh airson aontachadh ris aig a' cheann thall. Bidh feum air seata de bhuidhnean—Foghlam Alba agus grunnan eile—gus taic a thoirt do thidsearan le stòrasan agus trèanadh gus an urrainn dhaibh an obair a dhèanamh. Tha na rudan sin gu math toinnte, ach tha iad a' toirt buaidh air a chèile. Tha Siorrachd Lannraig a Tuath na eisimpleir air leth math, a chleachdas sinn ann a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail eile air targaidean airson L3.

10:15

Aig a' cheann thall, mura h-eil ùghdarras, mar a thuirt an cathraiche, deònach aghaidh a chur ris na dùbhlain a bha ro Shiorrachd Lannraig a Tuath—agus tha eisimpleirean ann de sin an-dràsta—'s e an t-aon fhuasgladh a th' againn a' chùis a chur air adhart do na ministearan Albannach. Chan eil cumhachdan èigneachaidh no rud sam bith mar sin againn mar a tha ann an dùthchannan eile. 'S e ceist a th' ann air am bu chòir Alba meòrachadh: am bu chòir cumhachdan èigneachaidh a bhith ann, agus, mas còir, càite am bu chòir dhaibh laighe?

Màiri NicAonghais: Tha mi an dòchas gu bheil a' chomataidh a' faighinn tuigse gur e cùis gu math toinnte a th' ann an leasachadh na Gàidhlig. Tha an co-chomhairleachadh air an ath phlana nàiseanta fosgailte gu 26 Iuchar, agus chuireamaid fàilte mhòr air ur beachdan—an dàrna cuid mar dhaoine fa leth no mar chomataidh, no le ad sam bith eile a bu toil leibh a chaitheamh—agus faodaidh sibh an cur a-steach air-loidhne. A-rithist, tha mi a' toirt taing dhuibh, agus bhiodh sinn toilichte na molaidhean agaibh a chluinntinn an-diugh cuideachd.

Ross Greer: 'S e an rud a b' inntinniche dhomhsa, bhon phàirt mu dheireadh de fhreagairt Sheumais Whannel cho cudromach 's a tha planaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan ionadail do shoirbheachas bhur n-amasan. Tha mi a' gabhail ris nach eil sioncronadh ann, ge-tà—tha ùghdarrasan ionadail gan dèanamh aig diofar amannan sa chearcall planaidh. Ciamar a bheil sin buaidh air na tha sibh a' dèanamh? Tha plana leantainneach còig bliadhna agaibh ri leasachadh—rud a tha àbhaisteach. Tha 32 ùghdarras ionadail a' dèanamh phlanaichean

airson diofar amannan aig diofar amannan, ciamar a tha sin a' toirt buaidh air bhur comas air plana nàiseanta còig bliadhna a shuidheachadh?

Màiri NicAonghais: Abair ceist dhoirbh. Iarraidh mi air Iain Mac a' Mhaoilein an tè sin a fhreagairt cuideachd. [*Gàireachdainn.*] Tha e ùr san obair.

Iain Mac a'Mhaoilein: Thoir na ceistean duilich don ghille ùr.

Tha dùbhlach ann a thaobh sin, ach tha cothrom ann cuideachd. Tha tòrr dheth a' tighinn air ais chun an dòchais gu bheil sinn dha-rìribh a' faicinn atharrachadh ann am beachdan agus tuigse dhaoine. Tha barrachd is barrachd dhaoine a-nis ag iarraidh ionnsachadh na Gàidhlig fhaicinn a' dol am meud agus a' dol am feabhas. Bu chòir do sin, ann an dòigh, beagan cuideim a chur air ùghdarrasan poblach fa leth, mar bu chòir do na planaichean.

Bha mi ag obair ann an riaghaltas ionadail fada gu leòr airson tuigsinn gu bheil beachdan chàich gu math cudromach agus na inneal feumail, ma thèid a chleachdadh san dòigh cheart, airson fàs agus meudachadh a bhrosnachadh. Tha cothroman ann taobh a-staigh nan raointean-ama eadar-dhealaichte airson rudan fhàs agus meudachadh a thoirt gu buil bliadhna an dèidh bliadhna.

Is dòcha nach robh an t-aon dòchas is dùil aig muinntir na h-Alba roimhe seo 's a tha ann an-dràsta, agus mar sin dh'fhaodadh gum biodh cothrom ann sin a chleachdadh mar bhrosnachadh. Bhruidhinn Seumas Whannel mu Shiorrachd Lannraig a Tuath.

Leis an fhìrinn innse, bu chòir do sin spionnadh a thoirt dhuinn. 'S e a chunnaic mise, ma nì aon ùghdarras ionadail rud, gum feuch ùghdarrasan ionadail eile ri leasachadh agus ri dhol ceum nas fhaide. Bu chòir dhuinn feum a dhèanamh den chothrom sin; feumaidh sinn dìreach obair leis na cuairtean ris a bheil na buidhnean poblach eile ag obair. Ged a tha dùbhlach ann, tha cothroman ann.

Màiri NicAonghais: Thar ùine a' ghlasaidh, gu sònraichte, dh'obraich am bòrd gu dlùth le prìomh-bhuidhnean Gàidhlig, agus rinn an Leas-phrìomh Mhinistear, BPA agus a' bhuidheann thar-phàrtaidh conaltradh ann an dòigh nach robh air tachairt roimhe. Leis gu bheil sinn air a bhith a' dol timcheall na dùthcha leis a' cho-chomhairleachadh seo—tha sinn air a bhith fad' is farsaing—tha sinn air cluinntinn bhon choimhearsnachd againn gu bheil daoine, gu sònraichte daoine òga, dha-rìribh a' gabhail ùidh. Tha sin a' gabhail a-steach dhaoine a thàinig tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig iad fhèin agus a chì an sealladh nas fharsainge.

Tha sin a' dol air ais gu na coimhearsnachdan traidiseanta. Chan eil Gàidhlig mar chànan a' seasamh leatha fhèin: feumaidh i taigh, feumaidh i aiseag, feumaidh i rathad, agus feumaidh i eaconamaidh làidir. Is coltaiche gur e a' Ghàidhlig a cheanglas na rudan sin uile ri chèile. 'S e beatha àbhaisteach a th' ann am beatha Ghàidhlig. Tha e cudromach gun èist sinn, gun cluinn sinn sin bho dhaoine, agus gun toir sinn na teachdaireachdan sin chun an Riaghaltais agus chun na Pàrlamaid. Tha cothrom mòr ann dhuinne agus dhuibhse sin a thoirt a-steach don phlana nàiseanta, oir tha feum aig a' chànan air a h-uile càil eile airson gluasad air adhart agus leasachadh.

An Neach-gairm: Tha Ruth NicGuaire a' tighinn còmhla rinn gu bhiortail.

Ruth NicGuaire (Coineagan a Deas) (SNP): Madainn mhath. Tha e math gu bheil sibh còmhla rinn an-diugh. Tha ceistean agam mu dheidhinn foghlam Gàidhlig.

Lean am ball orra sa Bheurla.

Madainn mhath. Tha mi uabhasach toilichte gu bheil sibh còmhla rinn an-diugh. Tha beagan cheistean agam mu dheidhinn foghlam Gàidhlig. Mus tòisich mi air an fheadhainn sin, tha mi ag aontachadh ris na beachdan mu chleachdadh na Gàidhlig anns a' Phàrlamaid. Tha mi duilich nach deach agaibh air fianais a thoirt seachad sa Ghàidhlig. Chan eil e math gu leòr nach urrainn do Phàrlamaid na h-Alba a gnothach a dhèanamh ann an cànan na h-Alba.

Lean am ball orra sa Ghàidhlig.

Tha mi duilich mu dheidhinn sin.

Lean am ball orra sa Bheurla.

Tha mi duilich mu dheidhinn sin.

'S e aon de na nithean as soirbheachaile mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar a tha e air fàs. Tha com-pàirt agamsa anns a' chùis seo oir chaidh an dithis cloinne agam—ged a tha iad a-nis air fàs—gu Sgoil

Ghàidhlig Ghlaschu airson foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile. 'S e BPA ann an Siorrachd Àir a th' annam, agus tha mi air leth toilichte gu bheil bun-sgoil Pàirc Whitehirst againn, bun-sgoil ann an Cill D'Fhinnein. 'S e pàrantan a tha a' stiùireadh an fhàis sin, chan e buidhnean. 'S e pàrantan a thòisicheas na sgoiltean-àraich agus na cròileagain, agus tha iarrtas a' fàs bhon choimhearsnachd, rud a tha mar phàirt den t-soirbheachas.

Dè an t-amas iomlan a th' ann airson farsaingeachd a' chothroim air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig? Bhruidhinn Seumas Whannel beagan mu dheidhinn àite a' bhùird. An leudaich sibh air sin?

Màiri NicAonghais: Iarraidh mi air Seumas freagairt a thoirt.

Seumas Whannel: Mòran taing airson sin. Tha mi a' smaoinichadh—cumaidh mi orm sa Bheurla ach, bha sin math.

Lean Seumas Whannel air ann am Beurla.

Tha an lèirsinn againn simplidh agus soilleir: bu chòir cothrom air foghlam Gàidhlig a bhith aig a h-uile duine a tha airson am pàiste aca oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil seo toinnte no duilich. 'S e an libhrigeadh a tha toinnte. 'S e ar beachd gum bu chòir tuigse tòrr nas fharsainge a bhith ann air feadh na h-Alba gu bheil sinn a' libhrigeadh foghlam tro mheadhan an dà chànan agus gum bi pàrantan a' tighinn gu co-dhùnadh—mar as trice nuair a tha am pàiste còig bliadhna a dh'aois—dè an cànan anns am bu toil leotha a bhiodh am pàiste air oideachadh. Tha dà roghainn aca: Beurla no Gàidhlig.

Mar thoradh air sin, tha gnìomhan agus dleastanasan aig grunn bhuidhnean nàiseanta airson dèanamh cinnteach gun gabh sin a libhrigeadh, mar a tha aig ùghdarrasan ionadail air feadh na dùthcha. Cha bu chòir ruigsinneachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith an urra ri far a bheil thu a' fuireach. Mar a thuirt mi, tha mòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail an dara cuid a' libhrigeadh no ag ullachadh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha rudan eile a' tachairt a dh'fheumas tòrr aire gheur. Tha leasachadh sgioba luchd-teagaisg na phrìomh-phàirt dhen chùis. Tha sinn a' faicinn sin ann an àiteachan far a bheil iarrtas airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig—mar eisimpleir, ann an sgìrean dùthchail far a bheil, mar a thuirt Màiri NicAonghais, taigheadas agus còmhhdail cudromach.

Air a' Chomraich, mar eisimpleir, tha tagradh ann fon stiùireadh reachdail. Rinn an t-ùghdarras ionadail sanasachd ach cha deach aca air tidsear fhasadh, agus tha iad gu bhith a' sanasachadh a-rithist. Tha mòr-chuid de phàrantan sa choimhearsnachd a' sireadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig dhan cuid cloinne airson a' chiad uair—gu dearbh, bidh mi a' coinneachadh ris na pàrantan sin a-màireach. Tha sinn a' cur taic ri sin, agus cumaidh sinn oirnn a' cur taic agus brosnachadh ris an leasachadh sin. Ach, chan eil e simplidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chruthachadh ann an sgìre mar a' Chomraich. Feumar cuideigin a thàladh gu pàirt a tha caran iomallach de dh'Alba; feumaidh taigheadas agus taic eile a bhith ann; agus feumaidh iad a bhith ullaichte a dhol ann, rud a dh'fheumas beagan smaoinichaidh a bharrachd. Tha Comhairle na Gàidhealtachd an sàs gu gnìomhach ann a bhith ag adhartachadh sin agus ann a bhith a' feuchainn ri dèiligeadh ris na cùisean sin, ach chan eil e cho furasta a libhrigeadh anns an àite sin 's a

dh'fhaodadh a bhith ann an Glaschu no Dùn Èideann. Tha duilgheadasan sònraichte aig Glaschu agus Dùn Èideann leis an àireamh mhòr de dhaoine a tha a' sireadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

'S e fear de na cùisean air am feumar a bhith gu tur mothachail gur ann air riaghaltas ionadail a tha an t-uallach airson foghlam a libhrigeadh, agus 's e sin a' phrìomh-dhòigh gus dèanamh cinnteach gu bheil planaichean Gàidhlig air an deasachadh. Feumaidh comas agus deòin ùghdarrasan ionadail a bhith follaiseach dhuinn uile.

Bidh am bòrd a' freagairt ri co-chomhairlean poblach, agus tha sinn air a bhith tòrr nas gnìomhaiche ann a bhith a' dèanamh sin thar nam bliadhnaichean mu dheireadh. Ma tha duine airson an obair mhòr a tha sinn air a dhèanamh air co-chomhairleachadh poblach fhaicinn, tha e uile air an làraich-lìn againn. Tha iomadh eisimpleir ann, agus 's e aon dhiubh ar freagairt don a h-uile co-chomhairle phoblach air faighinn seachad air Covid-19, le fòcas sònraichte air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus air na bhiodh sinn a' dùileachadh a dhèanadh ùghdarrasan ionadail, mar a bheireadh sinn taic agus brosnachadh dhaibh gus sin a choileanadh. Anns an Fhaoilleach, chùm GTCS co-chomhairleachadh poblach air clàradh thidsearan. Thog sin cùisean cudromach mu bharrachdachd (additionality) don sgioba-obrach againn tro mheadhan na Gàidhlig, nach eil a' faighinn aithne air barrachdachd a thaobh clàraidh a rèir GTCS. Rinn sinn molaidhean sònraichte a thaobh sin. Tha an t-Ollamh Ken Muir cuideachd air obair mhòr a dhèanamh anns na h-aithisgean aige air rudan a tha a' tachairt taobh a-staigh frèam-obrach nàiseanta nam buidhnean foghlaim. Tha sinn air freagairt a thoirt don a h-uile co-chomhairle agus leanaidh sinn oirnn a' dèanamh sin, gus dèanamh cinnteach gun tuigear gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar phàirt de libhrigeadh foghlaim nàiseanta na h-Alba.

Nuair a thèid buidheann sam bith—mar eisimpleir, a' bhuidheann theisteanasan ùr—a stèidheachadh, tha e deatamach gum bi sealladh aige air libhrigeadh tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig. Sin am prìomh trom bu chòir dhuinn coimhead air a h-uile leasachadh. Bu chòir tuigse làidir a bhith ann gum bu chòir dha a bhith comasach do dhaoine òga agus teaghlachan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig no tro mheadhan na Beurla a thaghadh. Tha seo a' togail cheistean dùbhlach do dh'ùghdarrasan leithid Dùn Èideann agus Glaschu, aig a bheil duilgheadas ann a bhith a' libhrigeadh nan dleastanasan sin. A dh'aindeoin sin, tha sinn an seo gus comhairle agus taic phroifeasanta a thoirt seachad nuair as urrainn dhuinn.

Ruth NicGuair: Dè cho faisg 's a tha ùghdarrasan ionadail air dèanamh cinnteach gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a libhrigeadh anns na "50 paraistean catharra le 5 sa cheud no barrachd de luchd-labhairt na Gàidhlig?"

Seumas Whannel: Tha e an-dràsta air a libhrigeadh ann an 83 sa cheud dhiubh. Ach, tuigidh sibh nach eil crìochan paraiste agus crìochan sgìrean-sgoile co-ionann, agus mar sin choimhead an t-oifigeir staitistig againn air sin o chionn ghoirid agus dh'ùraich e e. Tha an staitistig làithreach de 83 sa cheud a' ciallachadh gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn taobh a-staigh nam paraistean sin no faisg air làimh. Ach, tha sin fhathast a' ciallachadh nach eil 17 sa cheud de choimhearsnachdan ionadail ga libhrigeadh, agus tha sinn gam brosnachadh gus beachdachadh air sin a dhèanamh.

'S e deagh eisimpleir a th' anns a' Chomraich, oir tha an t-ùghdarras ionadail, am bòrd agus a' choimhearsnachd gu gnìomhach a' sireadh seirbheis ùr a leasachadh ann am pàirt dhùbhlach agus iomallach de dh'Alba. Ma tha sibh eòlach air an rathad a-steach don Chomraich, bidh fios agaibh, sa gheamhradh, gum biodh e doirbh do chuideigin faighinn ann ged a bhiodh iad a' fuireach gu math faisg air làimh. Tha sinn uile ag obair còmhla gus an t-seirbheis sin a libhrigeadh, ach tha e fhathast na dhuilgheadas. Feumaidh sinn aghaidh a chur ris na cùisean toinnte a thaobh taigheadais, còmhail agus deòin dhaoine gluasad ann.

10:30

Tha iarrtas airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd ann an Àird nam Murchan ach tha beàrnan mòra san sgioba-obrach. Tha beàrnan mòra sgioba-obrach ann an Glaschu cuideachd—chan eil mi ag ràdh nach eil a' cheist ag èirigh ann an ùghdarrasan ionadail bailteil, oir feumar iomradh a thoirt air an t-solar mu choinneamh an iarrtais, a tha àrd ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail bailteil.

Ach, mar fhreagairt don cheist shònraichte, mar a thuirt mi, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a libhrigeadh ann an 83 sa cheud de na raointean sin.

Ruth NicGuair: A bheil Gàidhlig aig còrr is 5 sa cheud de shluagh na Comraich?

Seumas Whannel: Dh'fheumainn dèanamh cinnteach à sin. Tha mi an ìre mhath deimhinnte gu bheil. Thigeadh an staitistig bho chunntas 2011, chan e am fear a th' ann an-dràsta, agus tha mi cinnteach gur e a' Chomraich aon de na raointean sin. Mura h-e, tha e rin taobh.

Ruth NicGuair: An urrainn dhuibh beagan a ràdh mun eadar-dhealachadh eadar an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a chaidh aithris leis a' bhòrd anns na h-aithisgean bho 2015 gu 2019 agus an àireamh air an deach aithris a thaobh stòrasan air-loidhne?

Seumas Whannel: 'S e dealbh gu math toinnte a tha sin. Chì sibh na h-àireamhan airson luchd-ionnsachaidh inbheach anns an ùine 2015 gu 2019, ach tha trusadh staitistig ann an ionnsachadh inbheach agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith caran toinnte. Rinn sinn rud a bha, an ìre mhath, na shuirbhidh nàiseanta air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thog rudan inntinneach. Mar eisimpleir, aon bhliadhna, dh'fhaodadh sgioba ionadail co-dhùnadh pearsanta a dhèanamh a thaobh pàiste a chlàradh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ged a bha iad cuideachd a' frithealadh solar tràth-bhliadhnaichean Beurla—dh'fhaodadh gum biodh seiseanan maidne aca sa Ghàidhlig agus seiseanan feasgair sa Bheurla. Ach, an ath bhliadhna, dh'fhaodadh neach sam bith a chlàraich iad an inntinn atharrachadh agus an clàradh mar fhoghlam tro mheadhan na Beurla, agus mar sin bhiodh e a' coimhead mar gun tàinig ùghdarrachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ged nach tàinig.

Thàinig trusadh an staitistig tro shuirbhidhean a rinn am bòrd. Ach, tha sinn a' gluasad air falbh bho sin agus tha sinn a-nis ag obair le roinn iomlaid dàta na h-Alba aig Riaghaltas na h-Alba—ScotXed—air staitistig nàiseanta, agus mar sin 's e an staitistig nàiseanta a bhios againn an stuth aig ScotXed. Cha robh ScotXed daonnan a' trusadh nan stuthan a bha a dhìth oirnn, ach tha an sgioba air a bhith deònach sin atharrachadh. Tha sin a' ciallachadh gum bi ùine ann far am bi aithisg eadar-amail againn a' cleachdadh staitistig FtG ScotXed ach, às dèidh sin, nì sinn liomhadh. Tha ScotXed air aontachadh ris a' phròiseas sin.

Tha an suidheachadh le ionnsachadh Gàidhlig air-loidhne coltach ri sin. Thàinig an staitistig sin à rannsachadh a rinn sinn thar ùghdarrasan ionadail, agus mar sin tha iad an urra ri trusadh ùghdarrasan ionadail, leis nach eil clàradh a' tachairt san aon dòigh airson ionnsachadh air-loidhne. Tha sin an-còmhnaidh gu bhith duilich a dhèanamh, oir tha e an urra ri pongalachd sheirbheisean ann an ùghdarrasan ionadail nach eil uaireannan nan seirbheisean ùghdarrasan ionadail tuilleadh. Mar eisimpleir, bidh Glaschu Beò a' ruith chùrsaichean Gàidhlig feasgair agus deireadh-seachdain agus a' clàradh cuid de staitistig mu dheidhinn sin. Tha sin a' tachairt air feadh na dùthcha ann an diofar ùghdarrasan ionadail.

Bidh tobraichean eile, leithid SpeakGaelic, aig a bheil àireamhan de mu 400,000 neach-

cleachdaidh thar ùrlaran mheadhanan sòisealta, a' tomhas dè cho fada 's a chaitheas daoine air an làraich-lìn. Leis gun gabh a thomhas dè cho fada 's a chaitheas daoine gach turas chan eil an staitistig a' cunntadh inntigeachd gun fhiosta. Tha staitistig brosnachail aig LearnGaelic cuideachd—sheall e àrdachadh mòr aig àm glasaidh. Tha e inntinneach fhaicinn, nuair a bha an ùine agus an cothrom aig daoine, gun robh iad deònach ionnsachadh san dòigh sin. Dh'atharraich cùisean nuair a thàinig àm glasaidh gu crìch, ach bha e inntinneach an cleachdadh aig an àm sin fhaicinn.

'S e aon de na ceistean dùbhlain meòrachail a th' againn airson na dùthcha, ciamar a ghabhas sinn togail air an fhianais shoilleir sin gu bheil daoine airson an cànan ionnsachadh air-loidhne, agus ciamar a bheir sinn cothroman eile dhaibh, a' gabhail a-steach ionnsachadh aghaidh-ri-aghaidh, a tha uaireannan nas duilghe a libhrigeadh, oir tha e an crochadh air na tha ri fhaotainn de luchd-teagaisg agus mar sin air adhart? Tha fios againn gu bheil duilgheadas aig ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' fastadh luchd-oideachaidh gu leòr gus cumail suas ris an iarrtas, mar a tha fìor le tidsearan agus luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean. A-rithist, tha dùbhlain ann do dh'ùghdarrasan ionadail a bhith a' sireadh taic bhuainn, mar a' bhuidheann speisealta, agus a' coimhead airson stòrasan a bharrachd.

An Neach-gairm: Tha cuid de cheistean aig Kaukab Stiùbhart mu dheidhinn sin.

Kaukab Stiùbhart (Glaschu Ceilbhinn) (SNP): 'S e sin fìor dheagh àite dhomhsa a thighinn a-steach, oir tha mi ag iarraidh togail air a' chùis sin. Tha sibh air bruidhinn mu na dùbhlain a tha an lùib fastadh thidsearan. Am b' urrainn dhuibh beagan fiosrachaidh a thoirt dhuinn mu na thathas a' dèanamh gus daoine a thàladh agus a thrèanadh airson an àireamh thidsearan Gàidhlig a chur am meud?

Màiri NicAonghais: Tha sin gu cinnteach na cheist dha Seumas Whannel, mar stiùiriche foghlam na Gàidhlig againn.

Seumas Whannel: Tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith grunn iomairtean, air am bi mi a' bruidhinn, ach innsidh mi mo bheachdan ro làimh le bhith ag ràdh gur ann air ùghdarrasan ionadail a tha an tuallach airson a bhith a' trusadh agus a' fastadh luchd-teagaisg air fad, gur ann air GTCS a tha an dleastanas airson clàradh agus gu bheil taic agus leasachadh an urra ri buidhnean leithid Foghlam Alba agus an SQA. Tha raon de dhleastanasan a' tighinn a-mach às a' phlana nàiseanta—tha e air leth deatamach sin a stèidheachadh bhon fhìor thoiseach. Mar a thuit mi, ged as urrainn dhuinn eòlas a thoirt seachad a thaobh leasachaidhean cudromach, chan urrainn do bhuidheann de 25 neach tionndadh a thoirt air 400 bliadhna de chrìonadh na Gàidhlig. Sin, ma-thà, an dealbh san

fharsaingeachd: tha uallach air na prìomh-bhuidhnean sin airson am plana nàiseanta a libhrigeadh.

Tha am bòrd a' ruith sgeama thabhartasan foghlaim far am faod neach sam bith a chlàraicheas airson cùrsa Gàidhlig cur a-steach airson maoineachadh tarraingeach bhuiainn. Tha cleachdadh an sgeama sin fhathast fallain, agus faodaidh tidsear sam bith air prògram ciad-fhoghlam thidsearan cur a-steach airson a tabhartais sin.

Tha Oilthigh Shrath Chluaidh air maoineachadh fhaighinn o chionn ghoirid gus sgeama pileit teisteanas teagaisg a bharrachd a sholarachadh, a bhios a' toirt a-steach tidsearan nuadh-chànanan à Glaschu, Siorrachd Lannraig a Tuath agus Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Tha aon de na tidsearan à àrd-sgoil Naoimh Pheadair an Abstoil ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, tha sianar de na tidsearan à diofar àrd-sgoiltean ann an Glaschu agus dithis dhiubh à àrd-sgoiltean ann an Siorrachd Lannraig a Tuath. An dèidh dhaibh an cùrsa a chrìochnachadh gu soirbheachail, bidh e comasach dhaibh clàradh mar thidsearan Gàidhlig mar phàirt de nuadh-chànanan nan sgoiltean aca. Thug sinn làn-mhaoineachadh don phileit sin air chùmhnannt gun aontaicheadh a h-uile sgoil agus ùghdarras ionadail a bha an sàs ann a' Ghàidhlig a thabhann sa churraicealam. Bheir sin cothrom tòiseachadh air dèiligeadh ri easbhaidh nàiseanta, oir, ma gheibh sinn barrachd dhaoine òga nar sgoiltean a' faighinn teisteanasan nàiseanta 5 ann an Gàidhlig do fhileantaich agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), gheibh cuid dhiubh ceuman agus, tha sinn an dòchas, thèid iad air adhart gu bhith a' faighinn obraichean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a chuidicheas ùghdarrasan ionadail gus na dreuchdan bàna aca a lìonadh. Feumaidh sinn dàrna ionnsaigh.

Nuair a thadhail luchd-tadhail às a' Chuimrigh agus, gu sònraichte, à Èirinn air Alba, bha iad gu math eudach gur e a' Ghàidhlig a' chiad chànan aig a' mhòr-chuid den luchd-obrach againn ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Nuair a chaidh sinn a dh'Èirinn agus dhan Chuimrigh, bha sinne gu math eudach gun robh cuibhreann nach beag de luchd-ionnsachaidh na Gaeilge agus na Cuimris san sgioba-obrach aca, leis gun robh iad air dà mhargadh-obrach a tharraing a-steach don sgioba-obrach. Ann an Alba, gu h-eachdraidheil, cha deach againn air sin a dhèanamh gu math, ach tha sinn an dòchas gun cuidich sgeama pileit ATQ aig Oilthigh Shrath Chluaidh a thaobh sin.

Bidh sinn cuideachd a' toirt taic, tro sgeama maoineachaidh, do chùrsaichean-bogaidh do thidsearan. Tha trì ionadan-bogaidh ann, a tha ann an Oilthigh Ghlaschu, Sabhal Mòr Ostaig agus Colaiste a' Chaisteil anns na h-Eileanan an Iar, air a bheil ainm ùr a-nis. Bidh na h-àiteachan

sin a' ruith chùrsaichean-bogaidh fad bliadhna. Ma tha tidsear a tha ag obair tro mheadhan na Beurla aig ùghdarras ionadail aig a bheil Gàidhlig aig ìre luchd-tòiseachaidh, bidh sinn a' pàigheadh 80 sa cheud de na cosgaisean solair dhaibh airson tighinn air a' chùrsa sin airson bliadhna, air a' ghealltanais gun gluais iad gu obair ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhad às dèidh sin. Bheir sin cothrom eile do dh'ùghdarrasan ionadail.

Thathas air gabhail ris a h-uile tagradh airson bogadh agus air a libhrigeadh, ged a tha na h-àireamhan gu math beag. Thug Covid-19 buaidh air sin, leis gu bheil cuid de dh'ùghdarrasan nach eil air cead a thoirt do thidsear sam bith a thiginn a-mach fad bliadhna airson a dhol air cùrsa-bogaidh. Tha sinn an dòchas gum bi na h-àireamhan a' dol am feabhas mar a bhios Covid-19 a' crìonadh.

Sin dìreach eisimpleir de chuid de na rudan a tha am bòrd a' dèanamh. 'S e an suidheachadh san fharsaingeachd gu bheil an t-uallach air ùghdarrasan ionadail.

Màiri NicAonghais: Tha mise a' fuireach ann an coimhearsnachd glè bheag ann an Uibhist, anns na h-Eileanan an Iar, far a bheil trusadh is gleidheadh na fhìor dhuilgheadas, gu h-àraidh le luchd-stiùiridh meadhan-ìre gu àrd-ìre. Ma tha obraichean a' nochdadh air feadh na dùthcha—tha mòran ann an-dràsta—bidh eagal oirnn gum fàg cuideigin às a' choimhearsnachd againn, oir, mar a thuir Seumas Whannel, tha e a' sìor fhàs doirbh daoine fhastadh gu coimhearsnachdan iomallach.

Tha sin a' dol air ais chun na firinn nach eil aon fhuasgladh dol a dh'obrachadh anns gach suidheachadh, rud a tha fìor chan ann a-mhàin ann an teagasg ach ann an diofar obraichean eile far a bheil Gàidhlig riatanach, leithid obraichean stiùiridh. Tha sinn a' faicinn sin aig a' bhòrd—tha duilgheadas ann a bhith a' fastadh gu leòr dhaoine a tha sgileil. Ma bheir thu cuideigin à aon àite, fàgaidh tu toll an àiteigin eile. Tha sin na dhuilgheadas agus na dhùbhlán. Bu mhath leinn gu cinnteach beachdan sam bith a th' agaibh a chluinntinn a dh'fhoadadh ar cuideachadh air an t-slighe air adhart.

An Neach-gairm: Tha ceistean Bob Doris a' leantainn air a' chuspair sin.

Bob Doris (Glaschu Cnoc Màiri agus Allt an Fhuarain) (SNP): Dh'fhaighnich an leas-neach-gairm mu luchd-obrach agus fhastadh, agus bhruidhinn Seumas Whannel air iarrtas a' dol thairis air solar, chan ann a-mhàin le luchd-obrach ach le bun-structar. Mar BhPA Ghlaschu, bha e inntinneach cluinntinn gun robh 180 iarrtas ann airson àite bun-sgoile ach nach robh ach 140 àite ri fhaighinn. Tha fios agam gu bheil dreachd-phlana Gàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu a-

mach airson co-chomhairleachadh an-dràsta agus gum fosgail an ceathramh bun-sgoil ann an 2024. Dè an dàimh a th' aig a' bhòrd ris na 32 ùghdarras ionadail a thaobh planadh air adhart gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach agus bun-structar gu leòr ann? Mar BhPA sgìreil, a h-uile bliadhna, bidh mi a' faighinn iarrtasan airson litrichean taic airson ath-thagraidhean a thaobh iarrtasan àite-sgoile, gu sònraichte airson foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. Mar BhPA ann an Glaschu, bhiodh e na chuideachadh dhomh beachdan sam bith a th' agaibh a chluinntinn mun dàimh sin ris na h-ùghdarrasan ionadail agus air an taic, an conaltradh agus càileachd planaigh air adhart aig gach ùghdarras ionadail gu coinneachadh ris an iarrtas agus an ùidh sin.

Màiri NicAonghais: Leis gu bheil a' cheist sin air foghlam, freagraidh Seumas Whannel.

Seumas Whannel: Tha raon mòr de chùisean ann. Bidh sinn a' toirt seachad taic is comhairle phroifeiseanta leantainneach—'s e sin aon de na dreuchdan againn. Bidh sinn ag obair gu dlùth le Glaschu agus diofar ùghdarrasan ionadail eile. Bidh sinn ag obair còmhla ri Comann nam Pàrant Nàiseanta, a tha cuideachd a' ruith bhuidhnean ionadail leithid Comann nam Pàrant Ghlaschu, agus bidh sinn ag obair còmhla riuthasan cuideachd. Is e ar dleastanas taic agus comhairle phroifeasanta a thoirt seachad. Chan eil cumhachd sam bith againn toirt air ùghdarras ionadail dad a dhèanamh; tha sinn dìreach gam brosnachadh.

A bharrachd air brosnachadh, is urrainn dhuinn cothroman agus comhairle a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail air dè an t-slighe air adhart a dh'fhaodadh a bhith ann. Mar eisimpleir, chaidh a' chùis an-dràsta ann an Glaschu gu sgrùdadh reachdail fon stiùireadh reachdail, agus gu làn-mheasadh. 'S e pàirt den uallach a th' oirnn mar bhuidheann, còmhla ri Foghlam Alba agus Comann nam Pàrant Nàiseanta, freagairt a thoirt don ùghdarras ionadail, agus thug sinn seachad freagairt gu math domhainn anns a' chùis sin. Cho-dhùin an t-ùghdarras ionadail rudeigin eile a dhèanamh, nach robh a' co-chòrdadh ris na freagairtean foirmeil bho Bhòrd na Gàidhlig, Foghlam Alba agus Comann nam Pàrant, ach tha e na dhleastanas oirnn freagairt a thoirt seachad.

Tha iom-fhillteachd ann an suidheachadh Ghlaschu, agus cumaidh sinn oirnn ag obair leis an ùghdarras ionadail air na cùisean sin. Ach, tha an t-ùghdarras ionadail làn-mhothachail nach eil am bòrd ag aontachadh le cuingeadan air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

10:45

Bob Doris: Bu mhath leamsa dèanamh cinnteach à aon rud. Nuair a dh'fhosgla an

ceathramh sgoil ann an 2024—gun dàil sam bith, tha mi an dòchas—an coinnich sin ris an iarrtas a th' ann an-dràsta? Tuigidh mi, nuair a thig 2024, gur dòcha gum bi an t-iarrtas air fàs a-rithist, agus mar sin bidh an t-ùghdarras ionadail an-còmhnaidh air chùl a thaobh iarrtais. An tèid coinneachadh ris an iarrtas làithreach ann an 2024?

An Neach-gairm: Bu mhath leam nam b' urrainn dhuibh freagairt ghoirid a thoirt seachad. Tha liosta againn de bhuill eile a tha airson ceistean fhaighneachd.

Seumas Whannel: Chan eil, oir tha feum air barrachd a dhèanamh. Tha an t-ùghdarras ionadail air adhbharan a thoirt seachad a thaobh comas àrd-sgoile, bho AS1 gu AS6. Feumaidh ùghdarrasan ionadail a tha air leth soirbheachail a' leasachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig leantainn air adhart leis an t-soirbheachas sin, agus feumar an còigeamh sgoil a dhealbhadh an-dràsta fhèin.

An Neach-gairm: Tha ceistean agam air a' chuspair seo bho Stephanie Callaghan mus gluais sinn air adhart gu na buill eile.

Stephanie Callaghan (Uddingston agus Bellshill) (SNP): Tha mi a' toirt taing don phannal airson a bhith an seo an-diugh. Mar BhPA sgìreil Uddingston agus Bellshill, tha mi air leth toilichte an deagh naidheachd a chluinntinn mu Chomhairle Siorrachd Lannraig a Tuath. Nach e tha math gu bheil a' chomhairle air targaidean dùbhlanaich den leithid a shuidheachadh. Bidh mòran de mhuinntir an àite nach eil a' tuigsinn gur ann bhon Ghàidhlig a tha ainmean leithid Airdrie (An t-Àrd-Ruigh) agus Glenboig (Gleann Bog) a' tighinn—agus gum b' àbhaist Gàidhlig a bhith aig a' chuid a bu mhotha de dhaoine san sgìre san 11mh agus 12mh linn. Bidh daoine ann am meadhan na h-Alba a' dìochuimhneachadh sin.

Tha ùidh agam anns an dealas ann an sgrìobhainnean an NLC a thaobh spèis cho-ionann—

An Neach-gairm: Tha mi duilich, ach am b' urrainn dhuibh ceist fhaighneachd, mas e ur toil e?

Stephanie Callaghan: Gu dearbh. Tha gealladh ann a thaobh spèis cho-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla. Tha Seumas Whannel air a ràdh gum faod a h-uile duine a tha airson an cuid cloinne a chur tron foghlam ann an Gàidhlig sin a dhèanamh agus gur e sin an t-amas. Dè cho fada 's a bheir plana agus geallaidhean Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath sinn ma shoirbhicheas leis a' chomhairle sin a choileanadh? Dè cho fada 's a tha am plana sin gar toirt a dh'ionnsaigh an amais gum faigh pàrantan cothrom taghadh airson an cuid cloinne aig aois còig?

Seumas Whannel: Tha e dha-rìribh a' dèanamh sin a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Choinnich mi ri Comann nam Pàrant Siorrachd Lannraig a Tuath agus 's e aon de na prìomh-rudan ann am plana Siorrachd Lannraig a Tuath gun obraich a' chomhairle còmhla ri pàrantan agus le Comann nam Pàrant Siorrachd Lannraig a Tuath. Bidh sin na phrìomh-eileamaid. Tha grunn ghealltanasan bhon chomhairle sa phlana, agus cha tèid an làn-choileanadh mura h-obraich an t-ùghdarras ionadail ann an com-pàirteachas le Comann nam Pàrant Siorrachd Lannraig a Tuath. Bheir sinn taic don ùghdarras ionadail agus do Chomann nam Pàrant Siorrachd Lannraig a Tuath gus sin a thoirt gu buil. Tha rudan sa phlana a ghluaiseas foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air adhart gu cinnteach ma thèid na geallaidhean a libhrigeadh san dòigh a mhinich mi.

Stephanie Callaghan: Direach airson a bhith mionaideach, a bheil sibh an dùil, nuair a thig am plana làithreach gu crìch, gun toir an t-ath phlana cothrom do phàrantan an roghainn sin a bhith aca airson an cuid cloinne bho chòig bliadhna a dh'aois? A bheil thu an dùil gun gluais cùisean cho luath sin, no an toir cùisean beagan nas fhaide?

Seumas Whannel: Chan eil—tha mi an dùil gun gluais sin. Nar beachd-sa, ma roghnaicheas teaghlach ann an Siorrachd Lannraig a Tuath foghlam tro mheadhan na Gàidhlig faodaidh iad sin fhaighinn. 'S dòcha gum feumadh iad siubhal, ge-tà, rud a dh'fhaodadh a bhith na bhacadh. Ma tha barrachd sheirbheisean ann an Siorrachd Lannraig a Tuath, mar a tha ann an Glaschu, far a bheil raon farsaing de sheirbheisean, cha bhì uiread feum air siubhal. Fàsaidh na seirbheisean fhèin nas tarraingiche agus thèid na h-àireamhan an-àirde, mar a chunnaic sinn ann an Glaschu. Tha barrachd dhaoine ann an Glaschu ag iarraidh cothrom fhaighinn air seirbheisean a tha nas tarraingiche, agus 's e sin an dùbhlán airson Siorrachd Lannraig a Tuath. Bidh seirbheisean ùra a thèid a leasachadh a' fàs nas tarraingiche agus gheibh barrachd dhaoine cothrom orra. Bidh sin math don chànan, agus bidh e math airson Siorrachd Lannraig a Tuath.

An Neach-gairm: Sgoinneil. Tapadh leibh, Stephanie. Gluaisidh sinn air adhart a-nis gu ceistean bho Willie Rennie.

Willie Rennie (Ear-thuath Fhìobha) (LD): Tapadh leibh airson na tha sibh a' dèanamh airson a' chànan. Chì mi bhon dìoghras agus bhon dealas agaibh an-diugh gu bheil sibh nur gaisgich air a son.

Saoilidh mi gu bheil sinn uile a' faireachdainn caran mi-chofhurtail nach eil sinn a' cumail an t-seisein seo sa chànan—tha mi a' smaoinichadh gur e masladh a th' ann. Gu dearbha fhèin, cha bu chòir feum a bhith agaibh rudan a ràdh a-rithist sa

Bheurla. Nam bithinn-sa nur n-àite, cha bhithinn cho modhail mu dheidhinn sin. A dh'aindeoin sin, bu chòir dhuinn gluasad air adhart.

Tha ùidh agam ann an com-pàirteachadh na coimhearsnachd san fharsaingeachd. Tha mi a' tuigsinn gu bheil sinn a' dèanamh adhartas math ann a bhith a' faighinn barrachd luchd-ionnsachaidh ach nach eil sinn a' dèanamh mòran adhartais a thaobh daoine a' bruidhinn a' chànan aig an taigh. Dè as urrainn dhuibh a dhèanamh gus a bhith cinnteach gun dèan sinn adhartas den leithid?

Màiri NicAonghais: Tha sibh a' coimhead ormsa.

Willie Rennie: Sibhse a tha an ceann gnothaich.

Màiri NicAonghais: Tha tòrr dheth a' crochadh air misneachd. Tha e cuideachd mu dheidhinn soirbheachais. Tha soirbheachas a' gintinn soirbheachas, agus tha na tha sinn a' cluinntinn an-diugh uile a' buntainn ri soirbheachas. Ach, le soirbheachas thig dùbhlán agus an uair sin thig cothrom, is mar sin air adhart.

Chan eil freagairt sìmplidh ann don cheist agaibh, ach, leis gu bheil barrachd is barrachd dhaoine a' faighinn foghlam sa chànan, bidh a' mhisneachd sin aca. 'S e aon de na dùbhlain suidheachadh far am biodh luchd-ionnsachaidh a' farpais, mar gum biodh, an aghaidh luchd-labhairt dùthchasach, sin Seumas Whannel nam aghaidh fhìn. Feumaidh cothromachadh a bhith ann, agus feumaidh cothromachadh a bhith anns na coimhearsnachdan cuideachd. Tha sinn air a bhith a' bruidhinn ri mòran choimhearsnachdan air feadh na dùthcha, aig a bheil spèis agus luach dha chèile. Tha na coimhearsnachdan dùthchail gann de shluagh agus tha feum aca air daoine ach tha feum aca cuideachd air poileasaidhean a nì an t-atharrachadh sin. Buinidh seo uile ris an eaconamaidh, ri buaidh na Gàidhlig, agus ris na coimhearsnachdan sin a leasachadh gus am bi misneachd aca. Leis a' mhisneachd sin, bidh iad a' bruidhinn a' chànan, a' seinn a' chànan agus a' faicinn na buaidh eaconamaich a bhios aice. Tha sinn a' faicinn sin gu sònraichte nar coimhearsnachdan dùthchail. Tha mu 50 oifigear aig a' bhòrd, a' mhòr-chuid dhiubh ag obair anns na h-Eileanan an Iar, agus tha iad a' bruidhinn a' chànan ris an òigridh. Saoilidh sinn gu bheil sinn a' dèanamh na cùise air, agus tha sinn a' faighinn tuigse nas fheàrr, ach feumar barrachd a dhèanamh. Tha am bòrd cuideachd a' faighinn nas fhaisge air na coimhearsnachdan, agus tha sin a' ciallachadh gun urrainn dhuinn teachdaireachdan bho na coimhearsnachdan a thoirt don Phàrlamaid—mar a tha sinn a' dèanamh leibhse an-diugh.

Tha e ag obair mean air mhean; chan eil freagairt shimplidh ann. Tha mi a' smaoinneachadh gum feumar cumail a' dol, a' togail misneachd, a' sealltainn far a bheil an diofar agus ag innse nan sgeulachdan.

Willie Rennie: A bheil thu a' smaoinneachadh gu bheil beagan còmhstri eadar daoine anns na coimhearsnachdan traidiseanta sin agus an luchd-ionnsachaidh? Air an iomairt gus an cànan a sgaoileadh air feadh na dùthcha, bhruidhinn sibh mu dheidhinn tidsear às a' choimhearsnachd agaibh a dh'fhaodadh sibh a chall, a dh'fhaodadh a dhol a theagasg ann an àite eile. A bheil muinntir na sgìre diombach gu bheil daoine, dòigh air choireigin, a' call a-mach air sgàth cho soirbheachail 's a tha an cànan ann an àiteachan eile?

Màiri NicAonghais: Tha lain air bhioran faighinn a-steach an seo, agus mar sin leigidh mi leis feuchainn.

Iain Mac a'Mhaoilein: Dh'fhaighnich thu a bheil còmhstri ann, agus tha mi a' smaoinneachadh gu bheil còmhstri ga cruthachadh. A bheil eadar-dhealachaidhean ann? Tha eadar-dhealachaidhean ann.

'S e cànan glè inntinneach a th' anns a' Ghàidhlig, agus tha còmhradh inntinneach ann nuair a thig e gu luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt dùthchasach. Tha mise, cuideachd, à coimhearsnachd Ghàidhlig agus 's i Gàidhlig mo chiad chànan. Coltach ri tòrr dhaoine, cha robh mi ag obair sa Ghàidhlig gu o chionn ghoirid. Do chuideigin a thogadh sa chànan, ann an coimhearsnachd agus le traidisean anns an deach innse dhuinn an-còmhnaidh, airson a dhol air adhart nar beatha, gum feumadh sinn èirigh agus falbh—bha againn ris an cànan a chur gu aon taobh agus tionndadh chun na Beurla—bha dìth misneachd ann. Tha fios agam air sin bhon eòlas agam fhìn. Bha mi iomagaineach mu dhaoine a dh'ionnsaich an cànan agus aig an robh barrachd fhaclan na bh' agamsa—aig an robh eòlas air a' bhriathrachas agus na rudan teicnigeach, air nach eil mi eòlach fhathast agus nach bi gu bràth. Ach, is urrainn dhomh an cànan a bhruidhinn gu comhfhurtail agus, mar a bhios mi ga chleachdadh barrachd, tha mi a' fàs nas cleachdte ri sin a dhèanamh.

Tha daoine againn anns an aon suidheachadh riumsa—iomagaineach mu dhaoine a dh'ionnsaich an cànan—agus tha daoine ann a dh'ionnsaich an cànan ach a tha iomagaineach mu dhaoine mar mise, oir chan eil duilgheadas againn leis na fuaimean agus is urrainn dhuinn bruidhinn gu dòigheil agus tha sinn gu math comhfhurtail le bruidhinn a' chànan. Tha an suidheachadh neònach seo ann far a bheil dà thaobh a tha le chèile den bheachd gu bheil an taobh eile nas fheàrr dheth agus nas fheàrr na tha iadsan. Is i an

t-aon chànan as aithne dhomhsa anns a bheil daoine air an cur mun cuairt mu dè tha ceart is nach eil ceart nuair a bhios iad ga bruidhinn. Nam biodh sinn cho draghail mu chleachdadh na Beurla, cha bhiodh duine againn ga bruidhinn.

Gu cinnteach tha feum air rudeigin eadar-dhealaichte a dhèanamh nar coimhearsnachdan traidiseanta airson misneachd a thogail, ach tha e co-cheangailte ris a h-uile càil eile. Chan e gu bheil còmhstri ann; tha e mu dheidhinn dòigh a lorg air daoine a bhrosnachadh a bhith saoirsneil gus an urrainn dhuinn an cànan a chleachdadh. Tha fios agam gu bheil sinn aig a' chomataidh foghlaim agus gu bheil am fòcas air foghlam, ach faodar gabhail ris gu bheil am fòcas an-còmhnaidh air ionnsachadh, ach feumaidh an fheadhainn againn a rugadh agus a thogadh le Gàidhlig rudeigin eadar-dhealaichte ionnsachadh. Chan fheum sinn gràmar a' chànan no an fhuaimneachadh ionnsachadh; feumaidh sinn ionnsachadh gu bheil luach anns na tha againn.

Tha mi fhathast a' fuireach ann an Steòrnabhagh, agus tha mi eòlach air tòrr dhaoine a thuigeas a h-uile facal Gàidhlig a chluinneas iad ach nach bruidhinn facal dhith leis gu bheil eagal am beatha orra, ma nì iad sin, gun tèid an càineadh air sgàth a' chultair a tha sinn air cruthachadh. Feumaidh sinn briseadh air falbh bho sin, gluasad air adhart agus tuigse fhaighinn air luach cleachdadh na Gàidhlig—agus is i a tha luachmhor.

Willie Rennie: Is cinnteach, nach eil dad a chuireadh barrachd eagal air duine na Màiri NicAonghais. [*gàireachdainn.*]

Bha moladh ann—san Eilean Sgitheanach, is dòcha—airson coimhearsnachd no leasachadh taigheadais dìreach do luchd-labhairt a' chànan. An cuireadh sibh taic ri rudeigin mar sin? A bheil sibh a' smaoinneachadh gur e leasachadh feumail a bhiodh ann?

Màiri NicAonghais: Feumaidh sinn a bhith gu math faiceallach mu rudan mar sin—gu math, math faiceallach. Feumaidh sinn a bhith gu math faiceallach mu mar a bhios sinn a' tàladh dhaoine do na h-eileanan cuideachd, agus mu mar a gheibhear fearann agus mar sin air adhart. Chanainn nach fheum e a bhith mu dheidhinn duine sam bith a chumail a-mach, ach mu bhith a' toirt mòran a bharrachd a-steach.

An Neach-gairm: Mòran taing airson nam freagairtean sin. A' coimhead air a' ghleoc, tha mi mothachail gu bheil ceist no dhà aig Graeme Dey cuideachd.

Graeme Dey (Aonghas a Deas) (SNP): Lùghdaichidh mi iad gu aon cheist agus thig mi gu cnag na cùise gun dàil. Tha mo cheist a' leantainn air cuspair ceasnachaidh Willie Rennie.

A Mhàiri, thug sibh iomradh air aiseagan. Bidh sibh mothachail, gun teagamh, gur e aon den iomadh càineadh a th' air a' bhuidhinn aiseig nach eil gin de na stiùirichean a' fuireach anns na h-eileanan air a bheil iad a' frithealadh. Tha càineadh ann cuideachd gu bheil cuid den luchd-obrach aig nach eil dreuchdan a dh'fheumas gu bheil iad a' fuireach anns na h-eileanan a' còmhnaidh am badeigin eile. Cia mhead duine sa bhuidhinn agaibh a tha freumhaichte gu proifeiseanta no gu pearsanta ann an sgìrean traidiseanta na Gàidhlig?

Màiri NicAonghais: Tha sin toinnte dha rìribh. 'S e tidsear a bh' annamsa, agus mar sin cleachdaidh mi eisimpleir teagaisg. Tha mi eòlach air tidsearan aig nach eil clann ach a tha nan tidsearan fìor mhath. Chan fheum thu a bhith a' dèanamh rudeigin thu fhèin gus fios a bhith agad ciamar a nì thu e.

'S e àite gu math beag a th' ann an Alba dha-rìribh, ged a tha e na iongnadh gu bheil cho beag fios no eòlas aig daoine anns a' chrìos mheadhain a thaobh cùisean siubhail. Tha sibh uile air a bhith a' fulang le stailc nan trànaichean o chionn ghoirid, a tha air a bhith uabhasach duilich. Ach, tha an seòrsa suidheachaidh sin na àbhaist làitheil sa choimhearsnachd agam. Bidh mise a' falbh tòrr, agus, a h-uile turas a thèid mi air falbh, feumaidh mi an aplacaid a luchdachadh a-nuas agus sùil a thoirt air a h-uile latha gus faicinn dè tha a' tachairt. Tha mi fosgailte mun cheist am biodh cùisean eadar-dhealaichte nam biodh na daoine sin a' fuireach anns na h-eileanan.

Ach, tha mi dha-rìribh a' faireachdainn gu bheil an siostam briste a thaobh nan aiseagan, gu sònraichte, agus gu bheil feum air rudeigin a dhèanamh. Tha fios aig daoine anns na h-eileanan dè tha iad ag iarraidh. Tha mòran dhiubh nam maraichean agus tha eòlas aca ann an iomadh dòigh, ach chan eilear ag èisteachd riutha—no thathas ag èisteachd riutha, ach chan eil dad ag atharrachadh. Feumaidh sinn atharrachadh fhaicinn.

11:00

Graeme Dey: Is dòcha nach do chuir mi mo cheist soilleir gu leòr. 'S ann a bha mo cheist mun bhuidhinn agaibh fhèin. Tha mi a' tuigsinn gu bheil sinn a' bruidhinn air plana nàiseanta gus an cànan a libhrigeadh air feadh na h-Alba, ach, dè an ceudad de na daoine fa leth a tha an sàs anns a' bhòrd a tha dha-rìribh freumhaichte anns na coimhearsnachdan traidiseanta? Tha mi faicinn gu bheil oifisean agaibh ann an Steòrnabhagh, Inbhir Nis agus Glaschu. Dè an sgaoileadh cruinn-eòlasach a tha aig na daoine a tha ag obair don bhòrd?

Iain Mac a'Mhaoilein: Tha ceathrar de na h-oifigearan againn a-nis ag obair ann an Leòdhas, ach 's e mise an aon fhear a th' ann an Steòrnabhagh. Tha sinn air ionnsachadh bho na dùbhlain a dh'fhuiling sinn le Covid, leis a h-uile duine ag obair bhon taigh. Chaidh an ceathrar uile fhadhadh bhon uair sin. Tha barrachd chothroman ann a-nis do dhaoine bho choimhearsnachdan Gàidhlig a bhith ag obair do Bhòrd na Gàidhlig, leis nach eil sinn cuingealaichte ris na h-oifisean againn ann an Inbhir Nis agus Glaschu tuilleadh. Chanainn-sa sin, gun teagamh, ach bhithinn a' coimhead ri sin a bhrosnachadh. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e nas fheàrr dhuinn barrachd dhaoine a bhith anns na coimhearsnachdan.

Chan eil Bòrd na Gàidhlig fhèin a' riochdachadh ach pàirt de chaiteachas a' mhaoineachaidh. Den airgead a thig gu Bòrd na Gàidhlig, sin 19 sa cheud, tha nas lugha na dàrna leth ga chosg air Bòrd na Gàidhlig fhèin. Aig aon àm an-uiridh, bha sinn a' maoineachadh 59 oifigear ann an dreuchdan Gàidhlig, agus bha an dàrna leth dhiubh sin anns na coimhearsnachdan traidiseanta ach ag obair do bhuidhnean Gàidhlig eile. Tha aon de na dùbhlain a tha romhainn a' buntainn ri co-obrachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil sinn ag obair gu math còmhla, agus bidh e gar cuideachadh ma tha cuid de na h-oifigearan againn suidhichte anns na h-aon choimhearsnachdan. Tha e glè mhath gu bheil na dàimhean againn eadar buidhnean, ach saoilidh mi gu bheil na dàimhean pearsanta a' cur luach mòr ris an obair. Tha sinn a' gluasad air an t-slighe cheart air sin, agus bidh cothroman againn sin a chur am meud san àm ri teachd.

Màiri NicAonghais: Tha aon cho-obrachadh inntinneach a' toirt a-steach ar n-obair le Fearann Coimhearsnachd na h-Alba, a tha a' toirt buaidh mhòr air na coimhearsnachdan traidiseanta. Tha sinn ag obair gu dlùth leis gus barrachd buaidh a thoirt air coimhearsnachdan dùthchail.

An Neach-gairm: Math fhèin. Mòran taing airson sin.

A Mhàiri, dh'innis sibh dhuinn mun choimhearsnachd agaibh na bu tràithe, agus bhrosnaich sibh sinn uile gus pàirt a ghabhail ann, agus tha mi a nis a' gabhail cothrom seo fhaighneachd—a' coimhead air an dreachd-phlana nàiseanta—dè na ceumannan a bhios ann gus faighinn a-mach am bi àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig agus ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Dè na h-ìrean àrdachaidh a bhiodh sibh a' meas na shoirbheachas?

Thuir sibh nach eil ach 19 sa cheud de mhaoineachadh na Gàidhlig a' tighinn chun a' bhùird, agus mar sin feumaidh gu bheil tòrr ghnìomhan eile a' tachairt. Ciamar a nì am bòrd measadh air buaidh nan diofar ghnìomhan sa

phlana, a' gabhail a-steach bhur gnìomhan fa leth, ann a bhith libhrigeadh nan amasan iomlan agaibh? Tha fios agam gur e ceist dheireannach anabarrach mòr a tha sin ri chur oirbh, ach, nam b' urrainn dhuinn fios air ais fhaighinn bhuaibh, bhiodh sin math.

Màiri NicAonghais: 'S e eòlaiche-matamataig a th' ann an Iain Mac a' Mhaoilein, agus air an adhbhar sin bheir mi a' cheist dhàsan.

Iain Mac a'Mhaoilein: Nam bithinn airson a bhith bragail chanainn gur e plana an Riaghaltais a th' ann, chan e am plana againne, agus gun do dh'aontaich an Riaghaltas ris. Tha aon de na rudan a dh'fheumas sinn a dhèanamh, a tha mi a' smaoinneachadh a tha air ainmeachadh anns a' choinneimh bho ionad-fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba, a' buntainn ri bhith a' tomhas builean. Tha sin gu math furasta a ràdh. Faodaidh mi cantainn bhon eòlas a th' agam anns an roinn phoblaich gu bheil sinn air a bhith a' bruidhinn air builean airson ùine mhòr. Le bhith ag innse na firinn, chan eil sinn air faighinn fiù faisg air aithneachadh agus tomhas dè na builean a tha sin. Is e aon de na dùbhlain a th' againn an raon-ama sa bheil sinn a' planadh agus an raon-ama anns am bi sinn a' tomhas builean. Leis na planaichean a th' againn an-dràsta, tha tòrr rudan againn suidhichte, ach a bheil còig bliadhna fada gu leòr airson a bhith comasach air breithneachadh buaidh a' phlana a thaobh builean?

Tha an t-suirbhidh bheachdan sòisealta na h-aon dhòigh air coimhead air na builean sin a thomhas. Is e an rud inntinneach gur e naoi bliadhna an ùine eadar an dà shuirbhidh coimeasach. Anns an reachdas, a bheil feum cur an cèill gum feum ar planadh a bhith thairis air ùine nas fhaide? Am feum sinn rudeigin a tha farsaing a bhith againn?

Feumaidh sinn cuimseachadh barrachd air na tha sinn a' coileanadh leis an airgead a tha sinn a' cosg. Feumaidh sinn am fòcas a ghluasad air falbh bhon airgead. Gun teagamh, tha a h-uile duine ag iarraidh barrachd airgid, agus chuireadh sinn feum air barrachd airgid, ach bu chòir an t-atharrachadh ann am beachdan beagan dòchais a thoirt dhuinn gur mathaid gum faod sinn a bhith beagan nas dàna ann a bhith a' suidheachadh nam builean sin.

Nì mi an t-aon rud a rinn mi anns na tachartasan co-chomhairleachaidh air fad anns an robh mi an sàs: Tilgidh mi bhur cheist air ais thugaibh fhèin, oir 's e pròiseas co-chomhairleachaidh a th' ann. A bheil rudan ann a tha sibhse, mar chomataidh no mar dhaoine fa leth, den bheachd a bu chòir dhuinn a bhith a' tomhas? A bheil ceumannan ann a tha cudromach dhuibh mar dhaoine fa leth no mar chomataidh? Tha sinn air a bhith a'

faighneachd an aon rud de na coimhearsnachdan againn.

Chan e dìreach a bhith a' spìonadh rudan às an adhar agus ag ràdh gu bheil sinn air bruidhinn. Nuair a bhios sinn a' bruidhinn air builean, 's e ar togradh nàdarra an-còmhnaidh a dhol air ais gu na rudan air a bheil sinn eòlach agus a thuigeas sinn, leithid àireamh nan sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus àireamh nan tidsearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, chan e builean a tha sin; ach toraidhean. Ann an cuid de chùisean, is e steach-chur a th' annta. Feumaidh sinn ar còmhradh a ghluasad air adhart gus an urrainn dhuinn fìor builean a leasachadh.

Tha sinn air a bhith a' bruidhinn air seo aig a' bhòrd agus tha sinn air a bhith a' coimhead ri obair còmhla ris an Riaghaltas gus cuid de na beachdan againn a leasachadh. Air a' cheist mu ciamar a ruigeas sinn breithneachadh, aig deireadh an latha, tha dà phrìomh-amas againn: àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadh na Gàidhlig agus àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Feumaidh sinn dìreach tomhasan a lorg airson an dà rud sin agus an raon-ama ceart airson adhartas a shealltainn. Chan eil mòran feum a bhith a' suidheachadh builean airson ùine aon bhliadhna no còig bliadhna ma tha e gu bhith a' toirt sia, seachd, ochd no naoi bliadhna dhuinn na builean sin a choileanadh. Feumaidh sinn an còmhradh sin a thoirt air adhart—agus is e còmhradh a th' ann dha-riribh.

An Neach-gairm: Tapadh leibh, Iain. Tha e na mhiseachd dhomh cluinntinn gu bheil fìor ùidh agaibh ann a bhith ag èisteachd ri beachdan agus molaidhean dhaoine anns a' cho-chomhairleachadh agaibh. Tha mi uabhasach toilichte sin a chluinntinn, mòran taing.

Le sin, gu mì-fhortanach, tha an ùine air ruith agus tha sinn air crìoch an t-seisein againn a ruighinn. Tapadh leibh uile airson a thighinn agus airson bhur n-ùine a thoirt seachad an-diugh. Tha pàirt phoblach na coinneimh againn a-nis deiseil agus beachdaichidh sinn gu prìobhaideach air na nithean mu fhèireadh air a' chlàr-ghnothaich againn.

11:08

Lean a' choinneamh gu prìobhaideach gu 12:24.

'S e dreachd *Aithisg Oifigeil* a tha seo agus tha e an urra ri ceartachadh eadar foillseachadh agus tasglann, a thachras taobh a-staigh 35 latha-obrach às dèidh latha na coinneimh. Gheibhear an dreachd as ùire an seo:

www.parliament.scot/officialreport

Bu chòir do bhuill agus do chom-pàirtichean coinneimh eile a tha airson ceartachadh a mholadh air na briathran aca fios a chur chun na h-Aithisg Oifigeil.

Aithisg Oifigeil
Seòmair T2.20
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann EH99 1SP

Post-d: official.report@parliament.scot
Fòn: 0131 348 5447
Facs: 0131 348 5423

Is e an ceann-latha airson cheartachaidhean air an deasachadh seo:

Diluain 1 Lùnastal 2022

Air fhoillseachadh ann an Dùn Èideann le Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann, EH99 1SP

Gheibhear a h-uile sgrìobhainn air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba aig:
www.parliament.scot

Tha fiosrachadh mu sholaraidhean clò neo-oifigeil ri fhaighinn an seo:
www.parliament.scot/documents

Airson fiosrachadh mu Pàrlamaid na h-Alba cuir fios gu Fiosrachadh Poblach air:

Fòn: 0131 348 5000
Fòn teacsa: 0800 092 7100
Post-d: sp.info@parliament.scot



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba